



Registered charity no. 1115634

Tuathanaich, Croitean agus an t-Seillean

Stiùireadh air riaghladh an Seillean Mòr Buidhe



RSPB registered charity
England & Wales no. 207076
Scotland no. SCO 37654



Adhbharan airson an lughdachadh air àireamh na seillean

Cead bliadhna air ais bha na seillean a tha a-nis tearc gu math cumanta air feadh Breatainn. Shoirbhich iad ann àiteachan flùrach mar pàircean feòir, àiteachan làn cailc, boglach agus callaidean. Gu mi-fhortanach tha tòrr àiteachan mar seo air a dhol a bith air tìr mòr.

Tha pàircean feòir air a chleachdadh airson silage, tha feurach nas fheàrr air sailleadh a bhith a' cleachdadh todhar gu trom, boglaichean air tiormachadh agus callaidean air a ghearradh sìos. Air sailleadh seo chan eil mòran flùraichean a' fàs anns na h-àiteachan far an robh na seillean agus gun flùraichean chan urrainn an t-seillean a bhith beò.

An t-Seillean Mòr Buidhe

'Se an t-seillean mòr buidhe *Bombus Distinguedas* a tha ann an cunnart a dhol a bith. Bha iad rim faighinn air feadh Bhreatainn ach a-nis chan eil iad ri fhaicinn ach anns na h-Eileanan an Iar, Sealltainn, Arcaibh agus cladach an Iar thuath de Alba. Tha an fheadhainn a tha air fhàgail dhuibh ri fhaighinn air croitean agus tèarmainn nàdair. Airson a bhith soirbheachail, tha feum aig an t-seillean mòr buidhe tòrr flùraichean eadar a' Chèitean agus an t-Sultain gu h-àraidh an t-seamrag dhearg, fiatghal agus cnapan dubh. Tha na flùraichean seo cumanta air croitean gu h-àraidh air a mhachaire.

Mar is urrainn dhuibh an t-seillean mòr buidhe a' chuideachadh

- Feuch gun a bhith a' feurachd àiteachan le tòrr flùran eadar a' Ghiblean agus an t-Sultain - bi na caoraich ag ithe na flùraichean an toiseach a' fàgail an t-àite falamh airson na seillean.
- Mu dh'fheumas sibh feurach a dhèanamh, feuch ri àiteachan a chumail gun feurachd.
- Mu tha sibh ag gearradh feur, feuch nach gearr sibh na pàirce air fad aig aon am, feuch ri dhèanamh ann an ìrean.
- Tha feurachd as t-fhoghair agus sa gheamhradh feumail airson feur tiugh agus luachair a chumail sìos.
- Bheir a' cuir am buntàta agus eòrna air flùraichean fàs airson na seillean ann a cuid de bhliadhnachan.

Machair air Uibhist a Deas - an àrainn is fheàrr airson an t-seillean mòr buidhe.

Airson barrachd fiosrachadh air na seilleanan agus de 's urrainn dhuibh a dhèanamh, leig fios gu:
Bumblebee Conservation Trust, School of Biological & Environmental Sciences, University of Stirling, Stirling, FK9 4LA
Email: enquiries@bumblebeeconservationtrust.co.uk, website: www.bumblebeeconservationtrust.co.uk

